

14 Màrt 2023

A phàrant/neach-cùraim chòir,

San Fhaoilleach 2023, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil agus Clas Sgoil-àraich Àth-Tharracail. Rè an tadhail againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obair sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba-sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha a' chlann togarrach, dealasach agus soirbheachail mar luchd-ionnsachaidh. Tha iad sgileil agus misneachail a' taisbeanadh agus a' co-phàirteachadh an ionnsachaidh, an cànan agus an sgilean ann an Gàidhlig, ann an ceòl agus ann an òrain ris a chèile agus ris a' choimhearsnachd.
- Tha an ceannard is luchd-obrach air obair gu math còmhla gus raon beartach de ghnàth-eòlasan agus cothroman a thairgse don chloinn tron Ghàidhlig agus tron Bheurla. Tha tuigse làidir aig an luchd-obrach air bogadh cànan agus tha seo a' toirt gu buil clann a tha nam fileantaich sa Ghàidhlig. Tha iad a' toirt air àireamh luchd-bruidhinn na Gàidhlig fàs san sgoil agus sa choimhearsnachd.
- Tha an ceannard is an luchd-obrach air fòcas a chur air fuasglaidhean agus tha iad air a bhith cruthachail a' cuideachadh na cloinne gus an t-ionnsachadh aca a chumail suas rè amannan dùbhlanaich. Tha an ceannard is luchd-obrach a' cur gu feum ann an dòigh ùr agus chruthachail teicneòlas didseatach a chleachdadh rè a' ghalair mhòr-sgaoilte. Mar thoradh air sin, tha adhartas agus buileachadh na cloinne math ann an àireamhachd is matamataig, agus ann an litearrachd agus Gàidhlig. Tha buileachadh ann an litearrachd agus Beurla glè mhath air feadh na sgoile.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir don cheannard is luchd-obrach cumail orra leis na modhan-obrach aca, a' dèiligeadh le gach pàiste mar neach fa leth, agus ag àrdachadh buileachadh fiù 's barrachd. Tha seo airson dèanamh cinnteach gum bi a' chlann uile air feadh clasaichean na sgoil-àraich agus na bun-sgoile a' cumail orra a' dèanamh an adhartais as fheàrr a ghabhas.
- Bu chòir don cheannard is luchd-obrach leantainn orra a' toirt air adhart na lèirsinne a th' aca airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus bogadh cànan air chor 's gum bi iad a' cumail orra fàs a thoirt air Gàidhlig sa choimhearsnachd agus gu nàiseanta.

Chruinnich sinn fianais gus comas a thoirt dhuinn air luachadh a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh taisbeanairean càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagraan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Bidh taisbeanairean càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh air na luachaidhean againn gus cunntas a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

Gheibhear gu h-ìosal na luachaidhean a rinn Foghlam Alba air Bun-sgoil Àth-Tharracail

Taisbeanairean càileachd airson na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	Math
Gheibhear tuairisgeulan air na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4^{mh} eagraan) , Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing	

Taisbeanairean càileachd airson na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	Math
A' daingneachadh adhartas na cloinne	Math
Gheibhear tuairisgeulan air na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia-puing	

Tha sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), air an làrach-lìn aig Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh – Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha misneachd againn gu bheil an sgoil comasach air leantainn orra gan leasachadh agus, mar sin, cha bhi sinn a' dèanamh tuilleadh tadhalan an lùib an sgrùdaidh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan C Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh